

curraicealam airson sàr-mhathais

ath-bhreithneachadh curraicealaim



luchd-ionnsachaidh soirbheachail

le

- > dealas agus togradh airson ionnsachadh
- > daingneachd àrd ìrean a thoirt gu buil
- > inntinn a tha fosgailte do bheachdachadh ùr

agus comasach air

- > sgilean cànan, conaltraidh agus àireamhachd a chleachdadh
- > teicneòlas a chleachdadh airson ionnsachadh
- > smaoineachadh gu cruthachail 's gu neo-eisimeileach
- > ionnsachadh gu neo-eisimeileach agus mar phàirt de bhuidheann
- > measaidhean ciallach a dhèanamh
- > diofar sheòrsaichean ionnsachaidh a cheangal agus a chur an sàs ann an suidheachaidhean ùra

daoine misneachail

le

- > fèin-mheas
- > fallaineachd bodhaig, inntinn agus faireachdainn
- > prìomh-bheachdan agus feallsanachd cinnteach
- > miann-soirbheachaidh

agus comasach air

- > dàimh a bhith aca ri daoine eile 's iad fhèin a làimhseachadh gu math
- > dòigh-beatha fhallain 's èasgaidh a leantainn
- > a bhith fèin-mhothachail
- > am beachdan agus an sealladh fhèin air an t-saoghal a leudachadh agus a chur an cèill
- > a bhith cho neo-eisimeileach 's as urrainn
- > cunnartan a mheasadh 's co-dhùnaidhean fiosrach a dhèanamh
- > a bhith soirbheachail ann an gnìomhachdan eadar-dhealaichte

Comas a thoirt do dhaoine òga uile a bhith nan:

saoranaich ciallach

le

- > spèis do dhaoine eile
- > dealas a thaobh pàirt ciallach a ghabhail ann an cùisean poileataigeach, eaconamach, sòisealta agus cultarach

agus comasach air

- > fios agus tuigse air an t-saoghal agus am pàirt a th' aig Alba ann a leudachadh
- > diofar chreideamhan agus dualchasan a thuigsinn
- > taghaidhean agus co-dhùnaidhean fiosrach a dhèanamh
- > cùisean co-cheangailte ris an àrainneachd, saidheans agus teicneòlas a mheasadh
- > beachdan fiosrach, beusanta a leasachadh air cùisean iomadh-fhillte

com-pàirtichean buadhach

le

- > dòigh iomairteach
- > tapachd
- > fèin-earbsa

agus comasach air

- > conaltradh a dhèanamh ann an dòighean agus ann an suidheachaidhean eadar-dhealaichte
- > co-obrachadh agus obrachadh ann an sgiobaidhean
- > cùisean a ghabhail os làimh agus an stiùireadh
- > smaoineachadh breitheach a chur an sàs ann an co-theacsan ùra
- > cruthachadh agus leasachadh
- > ceistean fhuasgladh



SCOTTISH EXECUTIVE

HMle
improving Scottish education

SCOTTISH
QUALIFICATIONS
AUTHORITY

